

# Foghlam Sàbhailteachd Uisge: Tràth-ìre

## Ro-ràdh

Cha bu chòir coimhead air na nithean gu h-ìosal (eadar-obrachaidhean, àitean is eòlasan) mar raointean rin smaoinichadh orra leotha fhèin. Seach sin, bu chòir smaoinichadh orra còmhla gus àrainneachd ionnsachaidh èifeachdach a chruthachadh don chloinn.

Bu chòir do luchd-teagaisg a bhith mothachail do chothroman brioghmhor is buntainneach gus taic a thoirt do thuigse na cloinne air sàbhailteachd uisge agus iad a' tighinn an àird ann an cuid chluiche no ghnàthan-eòlas fìor-bheatha.

Dh'fhaodar na molaidhean a thaobh eadar-obrachaidhean, àitean is eòlasan gu h-ìosal a chleachdadh no atharrachadh nuair a thig cothroman am bàrr, agus chan eil iad iomlan. Dh'fhaodadh iad taic a chumail ri tuigse na cloinne agus ri cleachdadh dòighean-obrach cunnart/buannachd san fharsaingeachd.

Far nach eil cothroman a' tighinn an àird gu nàdarra, bu chòir do luchd-teagaisg a phlanadh a dh'aon-ghnothaich gus taic a chumail ri mothachadh is tuigse air na nithean a thathar a' moladh gu h-ìosal, no feum a chur air goireasan a dheasaich luchd-teagaisg eile, agus iad a' toirt aire do na prìomh-theachdaireachdan agus do fheumalachdan sònraichte is ùidhean na cloinne.

Bhon a tha farsaingeachd de dh'ìrean leasachaidh aig a' chloinn thar na tràth-ìre, bu chòir do luchd-teagaisg am breithneachadh proifeiseanta a chleachdadh air ciamar a bu chòir eòlasan agus taic a bhith air an taisbeanadh-faic A' toirt a' mhiann-adhartais gu buil.

### Eadar-obrachaidhean

#### Prìomh theachdaireachdan



Stad agus Smaoinich,  
Aithnich na Cunnartan



Fuirich Còmhla,  
Fuirich Faisg



Ann an Suidheachadh  
Èiginn, cuir fòn gu 999

- Faodaidh uisge a bhith fìor fhuar, rud a tha na chunnart do dhaoine
- Tha e doirbh aithneachadh dè cho domhainn 's a tha an t-uisge
- Uaireannan, gheibhear soidhnichean ri taobh an uisge a dh'inneas dhuinn mu na cunnartan – tha iad ann airson ar cumail sàbhailte
- Tha brataichean aig cuid a thràighean airson innse dhuinn mar a chumas sinn sàbhailte san uisge
- Na rach idir faisg air an uisge gun inbheach ann airson do chuideachadh
- Ma chì thu cuideigin ann an trioblaid san uisge, feumaidh tusa no inbheach fònadh gu 999

#### Stòras nam faclan

Uisge  
Cluiche  
Dibhearsain  
Tràigh  
Abhainn  
Loch  
Poll  
Canàil  
Baga tràghad  
Stad  
Cobhair  
999  
Sàbhailte  
Domhainn  
Cunnart  
Trioblaid  
(a thaobh uisge:  
cunnart/gàbhaidhean)

#### Suidheachadh




Eòlasan ionnsachaidh a-staigh no a-muigh a tha a' brosnachadh ionnsachadh agus smaoinichadh mu chuspair sàbhailteachd an uisge.



Eòlas a thathar a' moladh airson beachdachadh/stiùireadh a thaobh uisge/sàbhailteachd uisge:

Beachdaich air nàdar an uisge, i.e. mar a bhios rudan a' fleodradh 's a' dol fodha, agus dèan dàimh rid sàbhailteachd fhèin is càch

## Goireasan agus ceanglaichean air am moladh

<p><b>Leabhraichean</b></p>	<p>Bookbug: <a href="http://www.scottishbooktrust.com/bookbug">www.scottishbooktrust.com/bookbug</a></p> <p>Leabhraichean air am moladh air làrach-lìn Urras Leabhraichean na h-Alba: <a href="http://www.scottishbooktrust.com/book-lists/bookbugs-big-splash">www.scottishbooktrust.com/book-lists/bookbugs-big-splash</a></p> <p>Bruidhinn ris a' cho-òrdanaiche Bookbug ionadail agad gus sàbhailteachd uisge adhartachadh taobh a-staigh an t-suidheachaidh ELC agad.</p>
<p><b>Òrain</b></p>	<p>Òrain is rannan air am moladh airson Bookbug:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li><a href="http://www.scottishbooktrust.com/songs-and-rhymes/swing-me-over-the-water-audio">www.scottishbooktrust.com/songs-and-rhymes/swing-me-over-the-water-audio</a></li> <li><a href="http://www.scottishbooktrust.com/songs-and-rhymes/seashell">www.scottishbooktrust.com/songs-and-rhymes/seashell</a></li> </ul> <p>Gnìomhachd eile: cleachd ionnsramaidean gus fuaimean na mara is uisge a dhèanamh.</p>
<p><b>Mapadh na h-inntinne</b></p>	<p>Dè am fios a tha aig a' chloinn air sàbhailteachd uisge a-cheana agus dè a tha iad ag iarraidh ionnsachadh? Brodaidhean: Dè na gnìomhachdan as toigh leat a bhith a' dèanamh san uisge? Càit an lorg thu uisge? Dè na beathaichean a tha a' tighinn beò san uisge? Dè a dh'fhaodadh tu lorg fon uisge? Ceangail ri 'Stad is Smaoinich, Aithnich na Cunnartan'. Mar eisimpleir: Cò a bhios a' dol a-steach don uisge? Dè na beathaichean a bhios a' dol a-steach don uisge? Dè na cunnartan? Dè a dh'fhaodadh tu lorg fon uisge?</p>
<p><b>Eòlasan a-muigh</b></p>	<p>Coisich leis a' chloinn gu pàirc/tràigh/gàrradh/amar-snàimh ionadail. Cuir feum air seo mar chothrom a bhruidhinn mu dheidhinn na h-àrainneachd agus beachdaich air carson a tha e cudromach a bhith a' fuireach còmhla agus faisg nuair a thathar air a' bhìl a-miugh, gu h-àraidh nuair a thathar faisg air uisge. Faodar coimeas a dhèanamh eadar seo agus cho cudromach 's a tha e a bhith a' fuireach còmhla agus a' toirt car-làimhe dha chèile, mar eisimpleir, faisg air an rathad, no ann am pàirc chàraichean trang.</p>
<p><b>Tubaichean còmhraiteach</b></p>	<p>'S e tuba còmhraiteach <b>bogsa air a lionadh le caochladh nithean mu dheidhinn cuspair àraidh</b>. Bidh a' chlann a' toirt gach nì a-mach às a' bhogsa fear ma seach agus bidh iad gan sgrùdadh o bhun gu bàrr. Gheibh iad ùine airson rannsachadh agus beachdachadh air gach fear.</p> <p>Nithean molta: sligean, botal uisge, bòtannan Wellington, sileagan gainmhich, bàl cladaich, ad, cè-ghrèine, bucaid agus spaid.</p>
<p><b>Bùthan-obrach eadar-obrachail bho bhuill Sàbhailteachd Uisge na h-Alba</b></p>	<ul style="list-style-type: none"> <li>Cuir fios gu Poileas Alba no Seirbheis Smàlaidh is Teasairginn na h-Alba gus tadhal air an t-suidheachadh ELC agad.</li> <li>Turas oideachail do Phàirc Nàiseanta Loch Laomainn agus na Tròisichean.</li> <li>Bùthan-obrach an-asgaidh air an tabhann le buidhnean leithid Royal National Lifeboat Institution (RNLI).</li> <li>Acadamaidh Snàimh Sgoil STA a tha gu sònraichte airson bun-sgoiltean <a href="http://www.sta.co.uk/school-swimming-academy">www.sta.co.uk/school-swimming-academy</a>.</li> <li>Tràigh Cangarù gu sònraichte airson clann ro-sgoile <a href="http://www.sta.co.uk/news/2022/05/13/jumpin-joeys-sta-has-launched-a-new-water-safety-programme-for-pre-schoolers">www.sta.co.uk/news/2022/05/13/jumpin-joeys-sta-has-launched-a-new-water-safety-programme-for-pre-schoolers</a>.</li> </ul>
<p><b>Goireasan: bho bhuill Sàbhailteachd Uisge na h-Alba</b></p>	<p>Goireasan:</p> <ul style="list-style-type: none"> <li> <a href="http://rnl.org/youth-education/education-resources/lower-primary">rnl.org/youth-education/education-resources/lower-primary</a></li> <li> <a href="http://www.rlss.org.uk">Water Safety Education   Royal Life Saving Society UK ( RLSS UK )</a></li> <li> <a href="http://www.scottishswimming.org.uk">Swimming Games – Scottish Swimming Learn to Swim</a></li> </ul> <p>Tha duilleag lionadh-nan-dathan ri luchdadh a-nuas an cois na sgriobhainn seo.</p>

Stay Safe Near Water with Rosie, Jim & Duck - Neil Brewer (1999) - YouTube



## Nas urrainn dhut cur air dòigh

Àite (ag atharrachadh na h-àrainneachd ionnsachaidh airson eòlasan a chruthachadh a bhios a' ceangal ri sàbhailteachd uisge agus cuspairean co-cheangailte)

## Goireasan molta

### Àite sgeadachaidh

Nithean co-cheangailte ri: Oifigearan Poileis, Oifigearan Smàlaidh, Maoir-chladaich, Luchd-teasairginn agus nithean eile co-cheangailte ri 'daoine a tha gar cuideachadh'.

### Oisean nan ealan agus obair-ciùird

Dealbhan de dhaoine a tha gar cuideachadh. Postairean/dealbhan-camara de chruthan-tìre le ui- sge airson obair-ealain na cloinne a bhrosnachadh. Cothrom air peantan agus meadhanan eile ann an caochladh thuaran de dhathan freagarrach

### Taisbeanaidhean

Bùird-thaisbeanaidh sa bheil prìomh-fhaclan agus Còd Sàbhailteachd an Uisge aig [Uisge Sàbhailteachd Uisge na h-Alba](#) .

Taisbeanadh sa bheil na leanas: Còd Sàbhailteachd an Uisge no earrann 'Stad is Smaoinich, Aithnich

Na Cunnartan, dealbhan de dh'uidheam sàbhailteachd uisge, m.e. seacaidean-teasairginn,

bùidhean, sligean, brataichean tràghad, cè-ghrèine, bòtannan Wellington.

Bris sios cainnt Còd Sàbhailteachd an Uisge - cleachd còd dealbhach.

### Àite nan Leabhraichean/Leabharlann

Urras nan Leabhraichean/Bookbug: dèan conaltradh ris an neach-eagrachaidh ionadail agad airson Bookbug.

Seall ceangal ris a' cho-òrdanaiche Bookbug

Sgeulachdan mu thursan gu daoine a tha gar cuideachadh, gu h-àraidh a thaobh uisge.

### Baga tràghad: goireas agus oisean co-cheangailte ri uisge

Leabhraichean neo-fhicsein mu dheidhinn uisge agus sàbhailteachd uisge. Gabhaidh бага tràghad a chleachdadh gus còmhraidhean a bhrosnachadh mu dheidhinn sàbhailteachd uisge agus na h-àrainneachdan san coinnicheadh uisge riut. 'S urrainn dhut na nithean a chleachdadh, fear ma seach, airson cuimseachadh air na th' anns an nì, dè tha e a' dèanamh agus ciamar a ghabhadh a chleachdadh. Dh'fhaodadh a' chlann a bhith air am piobrachadh gus tuilleadh cheistean a chur ort, a ghabhas rannsachadh còmhla. Brosnaich a' chlann a bhith ag aithneachadh agus a' co-roinn na tha iad air ionnsachadh.

Tha na nithean molta a' gabhail a-steach rudan a lorgar gu tric air tràigh, agus nithean a bheireadh tu gu tràigh leat: ad, botal uisge, cè-ghrèine, bòtannan Wellington, geansaidh, bucaid agus spaid.

### Stèisean-uisge no bòrd-uisge

Cuir stuthan cluich uisge ann a chumas taic ri tuigse air fleodradh agus dol fodha. Cleachd doileagan gus sealltainn mar a nithear ionnlad gu sàbhailte san amar.